

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Ag ionnsachadh mu chànan is mu chultar
na Gàidhlig

Ag ionnsachadh mu chànan is mu chultar na Gàidhlig

Prìomh fhiosrachadh:

- Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig na fheart a th' aig teis-mheadhan a bhith ag ionnsachadh mu Alba agus a' cuideachadh chloinne is dhaoine òga gus a bhith a' ceangal na Gàidhlig ris an eòlas agus an tuigse a th' aca air Alba.

17.1 Is e feart chudromach den Churraicealam airson Sàr-mhathais an cuideam a tha e a' cur air ionnsachadh mu Alba. Tha [Togail a' Churraicealaim 3](#) a' cur an cèill gu bheil còir aig clann is daoine òga air foghlam farsaing coitcheann. 'Tron churraicealam fharsaing seo thathar a' sùileachadh gum bi cuideam air a chur air co-theacsan Albannach, cultaran Albannach agus eachdraidh is àite na h-Alba san t-saoghal.¹ Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan is mu chultar na h-Alba na fheart chudromach a thaobh cloinne agus daoine òga a bhith ag ionnsachadh mun dùthaich aca fhèin agus a dearbh-aithne. Tha a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig aig teis-mheadhan a bhith ag ionnsachadh mu Alba agus a' cuideachadh chloinne agus dhaoine òga gus a bhith a' ceangal na Gàidhlig ris an eòlais is an tuigse a th' aca air Alba. Tha seo a' cuideachadh gus a bhith a' cruthachadh bheachdan fiosrachail airson dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd agus spèis aig a' Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, agus tric a' brosnachadh na cloinne gus a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

17.2 Faodar ionnsachadh mu chànan is mu chultar na Gàidhlig tro bhith ag ionnsachadh ann an cuspairean, raointean den churraicealam, pròiseactan air cuspairean, modhan-obrach eadar-chuspaireil air am planadh, no tro thachartas roghnach no beairteachaidh a bhios a' ruith airson fad an t-seisein no pàirt dheth. Tha an stòras *A' Sgrùdadh Alba* a' buileachadh cothrom a bhith ag ionnsachadh mu chànan, cultar, dualchas, ceòl, eachdraidh, cruinn-eòlas agus litreachas na h-Alba. Tha àite aig com-pàirtichean, a' choimhearsnachd agus buidhnean Gàidhlig ann a bhith a' cuideachadh chloinne gus a bhith ag ionnsachadh mu chànan agus mu chultar na Gàidhlig. Faodar duaisean agus teisteanasan mar Eòlas na h-Alba, Duais Iain Muir, Am Barantas Nàiseanta ann an Eòlas Ceilteach agus na Duaisean Adhartais Nàiseanta a chleachdadh gus a bhith a' toirt aithne do choileanaidhean nan daoine òga. Faodar cuideachd iomradh a thoirt air an fhoillseachadh, *An Curraicealam airson Sàr-mhathais* [Brath-ullachaidh Ag Ionnsachadh mu Alba](#).²

¹ [A' togail a' churraicealaim 3](#) Frèam-obrach airson ionnsachadh agus teagasg (2008)

² [CfE Brath-ullachaidh 9 Ag Ionnsachadh mu Alba](#)

